





Map 2 - Sgìrean an Alba a-rèir ìre sa cheud de dhaoine aois 3 is còrr a bhruidhneas Gàidhlig, 2001



Map 3 - Sgìrean an Alba a-rèir ìre sa cheud de dhaoine aois 3 is còrr a bhruidhneas Gàidhlig, 1991



PÀIPEAR-TAICE

Aithisgean Cunntas-sluaigh roimhe

Tha an aithisg seo a' leantainn air foillseachaidhean co-ionann a rinneadh airson bliadhnachan Cunntas-sluaigh roimhe. Tha an dà fhoillseachadh as ùire den t-seòrsa sine fon ainm '1991 Census, Gaelic Language, Scotland' (ISBN 0-11-495255-8) agus 'Census 1981 Gaelic Report' (ISBN 0-11-492370-1).

2001 Eachdraidh a' Chunntas-sluaigh

An Cunntas-sluaigh fhèin

Bha an Cunntas-sluaigh air a dhealbh gus fiosrachadh a chruinneachadh mun àireamh-sluaigh a bha an làthair air Latha a' Chunntas-sluaigh – 29th Giblean 2001. Tha lethbhric de na foirmean Cunntas-sluaigh a chaidh an cleachdadh rim faotainn air duilleagan Cunntas-sluaigh làrach-lìn GROS

(<http://www.gro-scotland.gov.uk>).

Dh'fhaighnich ceistean a' Chunntas-sluaigh don h-uile duine air an gabhail a-staigh:

- gnè, aois (là-breith) agus suidheachadh pòsaidh
- càirdeas do dhaoine eile san teaghlach (far a bheil e iomchaidh)
- an e sgoilear/oileanach a th' annta
- a bheil iad a' fuireach aig seòladh àm-teirm
- dùthaich breith
- cinneadh
- creideamh – an-dràsta agus san deach an togail
- slàinte
- tinneas bacaidh fad-ùine
- frithealadh neo-phàighte
- seòladh aon bhliadhna air ais
- seòladh àite obrach no foghlaim
- dòigh siubhail gu obair no foghlam
- comasach air bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh no tuigsinn Gàidhlig air a labhairt

agus dhèilig ceistean do dhaoine aois 16 gu 74 cuideachd ri:

- teisteanasan
- obair eaconamach agus suidheachadh cosnaidh
- àireamh de luchd-cosnaidh san àite-obrach
- bliadhna cosnaidh mu dheireadh

- dreuchd agus gnìomhachas cosnaidh
- uairean obrach

agus, còmhla ri sin, chaidh faighneachd don duine a bha a' lionadh an fhoirm anns gach teaghlach mu:

- seòrsa àite-fuirich agus a bheil don teaghlach a-mhàin
- àireamh de sheòmraichean
- cothrom air amar/fras-nighe agus toileat
- ìre ùrlar as ìsle
- a bheil teasachadh-meadhanach ann
- cothrom air càraichean no bhanaichean
- gabhaltas
- uachdaran
- an robh no nach robh an àite-fuirich air mhàl agus/no le àirneis

Sgrùdadh air Fiosrachadh Cunntas-sluaigh

Bha cunntadh ro ìosal ann an Cunntas-sluaigh 1991 (le beagan dhaoine agus teaghlaichean air am fàgail às), de ìre agus seòrsa nach robh air a lorg le Sgrùdadh-dearbhadh a' Chunntas-sluaigh 1991. Mar thoradh air sin, cha robh clàir mionaideach Cunntas-sluaigh 1991 a' co-fhreagairt na tuairmse dheireannaich air àireamh-sluaigh Latha Cunntas-sluaigh 1991. Gus nach tachradh sin an dèidh Cunntas-sluaigh 2001, bha an Sgrùdadh air Fiosrachadh Cunntas-sluaigh (CCS) air a chur ris a' Chunntas-sluaigh fhèin.

B' e dian-chunntas air sampall riochdachail de chòdan-puist an Alba a bha ann an CCS 2001 agus bha e air a dhealbhadh airson a bhith air leth bhon Chunntas-sluaigh agus an dàta a dh'fheumar fhaighinn airson measadh air cunntadh ro ìosal. Tha barrachd fiosrachaidh mu mhodh-obrachaidh a' Chunntas-sluaigh ri fhaotainn air duilleagan Cunntas-sluaigh làrach-lìn GROS (<http://www.gro-scotland.gov.uk>).

Coimeasan ri Cunntas-sluaigh 1991

Ged a bha figearan 2001 air an atharrachadh gus dìth fiosrachaidh measraichte anns a' Chunntas-sluaigh a ghabhail a-steach, cha robh figearan bho Chunntas-sluaigh 1991 air an atharrachadh san aon dòigh, **agus mar sin cha ghabh coimeas fìor a dhèanamh eadar figearan Cunntas-sluaigh 1991 agus 2001.**

Bha àite-còmhnaidh oileanaich cuideachd air atharrachadh eadar na Cunntasan-sluaigh. Ann an 1991, bha oileanaich ann am foghlam air falbh bhon dhachaigh air an cunntadh mar gum biodh iad a' còmhnaidh aig na seòlaidhean dachaigh no saor-làithean aca, ach, ann an 2001, chaidh an cunntadh mar gum biodh iad a' còmhnaidh aig an t-seòladh àm-teirm aca.

Càileachd nan Toraidhean

Tha am modh-obrachaidh a' ciallachadh gu bheil toraidhean Cunntas-sluaigh 2001 a' gabhail a-steach àireamh-sluaigh na h-Alba gu h-iomlan, agus thathar den bheachd gur iad na toraidhean as cinntiche a fhuair le Cunntas-sluaigh sam bith an Alba. Ach, tha grunn nithean ann a dh'fhaodadh leantainn gu mearachd anns na toraidhean. Tha iad sin a' gabhail a-steach:

- Fiosrachadh mearachdach no neo-choileanta air a thoirt seachad air na foirmean.
- Mearachd samplachaidh co-cheangailte ri tuairmsean a rinneadh bhon CCS.
- Eisimeileachdan nach robh air an comharrachadh eadar a' Chunntas-sluaigh agus an CCS.
- Mearachdan a thachair ann an làimhseachadh agus clàradh.

Bidh cuid de na h-eileamaidean san fhiosrachadh agus claonaidhean mearachdach air an ceartachadh anns an deasachadh. An dèidh seo, tha na toraidhean air a dhol tro phròiseas gealltanais càileachd dian, a' gabhail a-steach dearbhadh ri fiosrachadh rianachd coitcheann air buidhnean sònraichte mar oileanaich agus na feachdan armaichte. Chaidh pàirt den eisimeileachd eadar a' Chunntas-sluaigh agus Sgrùdadh air Fiosrachadh Chunntas-sluaigh a chomharrachadh agus a cheartachadh, le tar-cheartachadh ri dàta bho àiteachan eile.

Leis gur e tuairmsean stèidhichte air sgrùdadh sampail a tha anns na h-atharrachaidhean airson cunntadh ro iosal, faodar mearachdan samplachaidh a chleachdadh mar stiùireadh ann am measadh a bheil na h-atharrachaidhean neo-mhearachdach. Faodar a' mhearachd samplachaidh a chleachdadh gus ùine cinnt 95 sa cheud obrachadh a-mach – 's e sin raon anns am faod sinn a bhith 95 sa cheud cinnteach gur ann an sin a tha an fhìor luach. Airson àireamh-sluaigh na h-Alba, tha an ùine cinnt seo aig ± 0.3 sa cheud den àireamh-sluaigh measraichte.

Dìomhaireachd

Tha dleastanas laghail aig an Àrd Neach-clàraidh gun fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh anns a' Chunntas-sluaigh mu dhaoine agus theaghlachaichean fa leth fhoillseachadh. Tha dìon air dàta cunntais air leth cudromach agus thathar air ceuman a ghabhail gus am bi dìomhaireachd agus sgaoileadh fiosrachaidh pearsanta a thugadh air foirm a' Chunntas-sluaigh air a dhìon. Tha tuilleadh fiosrachaidh air a thoirt ann an *'Scotland's Census – A guide to the results and how to obtain them'* – a gheibhear air duilleagan Cunntas-sluaigh làrach-lìn GROS (<http://www.gro-scotland.gov.uk>) no le fios a chur gu Seirbheisean Luchd-cleachdaidh GROS.

Cruinn-eòlas – ceàrnaidhean de dh'Alba air an cleachdadh san aithisg

Ann am mòran de na clàir anns an aithisg seo tha dàta aig ìre Alba air a bhriseadh sìos a rèir sia ceàrnaidhean. Tha na ceàrnaidhean sin, a tha air an ainmeachadh mar cheàrnaidhean Gàidhlig, air am briseadh sìos mar a leanas:

1. Na h-Eileanan Siar – tha seo co-ionann ris an roinn ùghdarras ionadail den aon ainm.

2. An t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse – tha seo air a bhriseadh sìos ann an 10 roinnean sgìre chatharra iomlan agus pàirt de aon sgìre chatharra eile (Gleann Eilg), a tha uile taobh a-staigh roinn ùghdarras ionadail na Gàidhealtachd. Thathar a’ meas gu bheil seo a’ riochdachadh cho faisg ’s a ghabhas an sgìre ùghdarras ionadail den aon ainm a bha ann ron Ghiblean 1996. ’S iad na sgìrean catharra iomlan san roinn seo:
- Bràcadal
 - Diùirinis
 - Gleann Seile
 - Cille Mhoire
 - Ceann Tàile MhicCoinnich
 - Loch Aillse
 - Port Rìgh
 - Slèite
 - Sniòsort
 - An Srath
3. An Còrr den Ghàidhealtachd (ach a-mhàin an t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse) – ’s e seo an còrr de roinn ùghdarras ionadail na Gàidhealtachd.
4. Earra-Ghàidheal & Bòid – tha seo co-ionann ris an roinn ùghdarras ionadail den aon ainm aig an àm seo.
5. “Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig Eile” – tha seo a’ gabhail a-steach na ceàrnaidhean a leanas:
- a. Na buidhnean eilean tuinichte de Arainn agus Cumbraigh Mòr taobh a-staigh roinn ùghdarras ionadail Shiorrachd Àir a Tuath (faic pàipear ullaichte foillsichte le GROS air eileanan tuinichte – <http://www.gro-scotland.gov.uk/statistics/library/occpapers/occasional-paper-10.html>)
 - b. Na sgìrean catharra a leanas taobh a-staigh roinn ùghdarras ionadail Pheairt & Ceann Rois:
 - Blàr Athall
 - Dul
 - Dùn Chailleann agus Dubhailidh
 - Fartairchill
 - A’ Cheannmhor (pàirt)
 - Cille Mhìcheil
 - Dùn Chailleann Beag
 - Lag an Ràtha

- Maoilinn
- Baile a' Chlachain

c. Na sgìrean catharra a leanas taobh a-staigh roinn ùghdarras ionadail Shruighlea:

- Obar Phuill
- Both Chuidir
- Bochanan
- Calasraid
- A' Cheannmhor (pàirt)
- Cill Fhinn

Ann an cuid de na clàir anns an aithisg seo (m.e. Clàr 16), tha ceàrnaidhean 3, 4 agus 5 air an cur còmhla mar aon cheàrnaidh. Ann an clàir eile (m.e. Clàr 19), tha ceàrnaidhean 1-5 gu lèir air an cur còmhla gus ceàrnaidh a dhèanamh fon ainm “Prìomh Cheàrnaidhean Gàidhlig”..

6. An Còrr de dh'Alba.

Mapaichean 2 & 3 – Daoine le Gàidhlig a rèir sgìre

Anns gach cuid Cunntasan-sluaigh 2001 agus 1991, b' e an cruinneachadh “a bu fhreagarraiche” de cheàrnaidhean toraidh a' Chunntas-sluaigh a bha anns na sgìrean. Mar thoradh air sin, bha àireamh bheag de sgìrean a' Chunntas-sluaigh gun cheàrnaidhean toraidh idir (agus mar sin gun daoine). Ann am **Mapaichean 2 & 3**, thathar a' dèiligeadh ri sgìrean leithid sin mar gum biodh 0 sa cheud den àireamh-sluaigh aca a' bruidhinn Gàidhlig.

Àireamhan-sluaigh air an gabhail a-staigh sa Phàipear Seo

Tha diofar chlàir sa phàipear seo a' gabhail a-staigh diofar fo-sheataichean den àireamh-sluaigh. 'S iad na leanas eisimpleirean de na fo-sheataichean a bha air an cleachdadh:

- An sluagh iomlan.
- Aoisean 3 is còrr.
- Aois 0-24.
- Aois 3-24.
- Aois 16 is còrr.
- Aois 16-64.
- Aois 16-74.
- Aois 16-74 a tha ann an cosnadh.
- A h-uile dachaigh.

- A h-uile teaghlach.
- A h-uile duine a bha air gluasad gu seòladh eile sa bhliadhna ron Chunntas-sluaigh (imrichean).
- A h-uile imriche a ghluais eadar seòlaidhean ann an diofar cheàrnaidhean de dh'Alba sa bhliadhna ron Chunntas-sluaigh.

Daoine

Ann an Cunntas-sluaigh 2001, bha fiosrachadh air a chruinneachadh a-mhàin air “luchd-còmhnaidh àbhaisteach”. Tha neach-còmhnaidh àbhaisteach aig seòladh san fharsaingeachd air a mhìneachadh mar dhuine a tha airson na h-ùine as fhaide a’ fuireach aig an t-seòladh sin. Tha e a’ gabhail a-steach:

- Daoine a tha mar as trice a’ fuireach aig an t-seòladh ach a tha air falbh bhon dachaigh airson greis (air saor-làithean, a’ tadhal air caraidean no càirdean no airson greis ann an ospadal no ionad mar sin) air Latha a’ Chunntas-sluaigh.
- Cèile no companach a tha ag obair air falbh bhon dachaigh airson pàirt den ùine, no na bhall de na feachdan armaichte.
- Oileanaich aig an t-seòladh àm-teirm aca.
- Leanabh a rugadh ro 30 Giblean 2001, ged a bhiodh e/i is fhathast san ospadal.
- Daoine a tha an làthair air Latha a’ Chunntas-sluaigh, ged a b’ ann airson greis, aig nach eile seòladh àbhaisteach sam bith eile.

Ach, chan eil e a’ gabhail a-steach:

- Duine sam bith a tha an làthair aig seòladh air Latha Cunntas-sluaigh ma tha an seòladh “àbhaisteach” aige ann an àite eile.
- Duine sam bith a tha air falbh bhon t-seòladh dachaigh aca, a’ fuireach ann an ionad sònraichte mar dachaigh-còmhnaidhe, taigh-altraim no ospadal airson sia mìosan no barrachd (tha daoine leithid sin air an cunntadh mar gum biodh iad mar as trice a’ còmhnaidh san ionad shònraichte).

Tuilleadh Fiosrachaidh air Mineachaidhean

Gheibhear fiosrachadh nas mionaidiche air na mineachaidhean a tha air an cleachdadh ann an Cunntas sluaigh 2001 anns an fhoillseachadh “Census 2001 Definitions”, a rinneadh le na trì Oifisean Cunntas-sluaigh san RA. Gheibhear am foillseachadh seo air làrach-lìn GROS aig

<http://www.gro-scotland.gov.uk/grosweb/grosweb.nsf/pages/scotupd21>.

Ceanglaichean

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu stuthan a' Chunntas-sluaigh, no cuideachadh a' lorg an dàta iomchaidh no iarrtasan airson dàta a bharrachd nach buin do stuthan a' Chunntas-sluaigh, bho Sheirbheisean Luchd-cleachdaidh GROS.

Customer Services
Dissemination and Census Analysis Branch
General Register Office for Scotland
Ladywell House
Ladywell Road
Edinburgh EH12 7TF

Fòn: 0131 314 4254

Facs: 0131 314 4696

Eadar-nàiseanta: Fòn: +44 131 314 4254

Facs: +44 131 314 4696

Post-d: customer@gro-scotland.gsi.gov.uk

SEIRBHEIS NAN STAITISTIG AN ALBA

STAITISTIG NÀISEANTA

'S e pàipear Staitistig Nàiseanta a tha san aithisg seo. Chaidh ullachadh gu ìrean àrda proifeiseanta a tha air an comharrachadh ann an Còd Obrachaidh nan Staitistig Nàiseanta agus Protocal Cleachdadh Sgaoileadh Fiosrachaidh. http://www.statistics.gov.uk/about_ns/cop/default.asp. Tha na staitistig sin a' dol tro ghealltanais càileachd cunbhalach gus a bhith cinnteach gum bi iad a' coinneachadh ri feuman luchd-cleachdaidh. Tha iad air an ullachadh gun chur a-steach poileataigeach sam bith. Tha fiosrachadh mu chothrom ro àm-foillseachaidh air a thoirt air làrach-lìn Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba fo 'Future Publications'.

OIFIS CHOITCHEANN A' CHLÀRAIDH AIRSON ALBA

'S e Oifis Choitcheann a' Chlàraidh airson Alba (GROS) an roinn den Rianachd tiomnaichte an Alba le uallach airson clàradh breith, pòsaidh, bàis, sgaradh-pòsaidh, agus uchd-mhacachd an Alba. Tha uallach oirnn airson Cunntas-sluaigh na h-Alba a bhios sinn a' cleachdadh, còmhla ri bunan fiosrachaidh eile, airson staitistig sluaigh a chur ri chèile. Bidh sinn a' toirt seachad fiosrachadh cudromach airson eachdraidh teaghlaich.

Tha sinn airson a bhith a' toirt fiosrachaidh, mion-sgrùdadh agus comhairle iomchaidh agus cinnteach a tha a' coinneachadh ri feuman riaghaltais, gnothachais agus sluaigh na h-Alba.

'S iad ar n-amasan:-

Ullachadh staitistig agus mion-sgrùdadh iomchaidh airson feuman luchd-cleachdaidh le

- Leasachadh na h-ìre staitistig agus mion-sgrùdadh a tha sinn a' cur ri chèile;
- Far an gabh e dèanamh cumail-ama nas fheàrr;
- Ullachadh barrachd staitistig air an cur a rèir aoise, gnè agus cinnidh;
- Cur ri chèile barrachd dàta do sgìrean beaga tron phròiseact Staitistig Coimhearsnachd;
- Cur ri ullachadh staitistig co-ionann air feadh Bhreatainn agus gu h-eadar-nàiseanta.

Dèanamh cinnteach gum bi ar staitistig air a chleachdadh gu h-èifeachdach le

- Taic nas diriche do mhodhan poileasaidh taobh a-staigh agus far an gabh e dèanamh taobh a-muigh an riaghaltais;
- Cothrom agus taisbeanadh nas fheàrr air dàta agus mion-sgrùdadh;
- Comhairle nas fheàrr air a thoirt air staitistig.

Obrachadh gu h-èifeachdach le luchd-cleachdaidh agus solaraichean le

- Cumail suas an ullachaidh airson co-chomhairle agus com-pàirt do luchd-cleachdaidh agus solaraichean;
- Toirt com-pàirt do luchd-cleachdaidh agus solaraichean ann an dealbhadh leasachaidhean air toraidhean agus modhan.

Leasachadh càileachd nan staitistig le

- Dearbhadh agus leasachadh air càileachd mar phàirt riatanach de chruinneachadh agus mion-sgrùdadh dàta agus tro ath-sgrùdaidhean cunbhalach a rèir ro-innleachd càileachd nàiseanta nan Staitistig;
- Cur ri chèile modhan, siostaman agus seòrsachadh staitistigeil;

- Obrachadh còmhla ris a' chòrr de Sheirbheis Staitistig an Riaghaltais airson modhan/fuasglaidhean coitcheann a chur ri chèile far am bi e iomchaidh.

Dearbhadh iomlanachd nan staitistig le

- Cumail suas agus adhartachadh iomlanachd tro bhuileachadh Còd Obrachaidh nàiseanta nan Staitistig agus protacail co-cheangailte ris;
- Dìon air diomhaireachd chuspairean dàta.

Dèanamh cinnteach gum bi libhrigeadh comasach agus èifeachdach air stuthan agus seirbheisean staitistig le

- Dèanamh an fheum as fheàrr den h-uile bun a' gabhail a-steach bunan rianachd;
- Lùghdachadh an uallaich air solaraidhean dàta tro cumail sùil & comhairle air sgrùdadh;
- Dèanamh cinnteach gun toirear luach airson an airgid;
- Dèanamh an fheum as fheàrr de theicneolas fiosrachaidh agus conaltraidh;
- Obrachadh còmhla ri sgrùdairean eile;
- Dèanamh cinnteach gum bi conaltradh èifeachdach taobh a-staigh an Buidheann nan Staitistig.

Leudachadh air ar luchd-obrach agus comasan

- Dèanamh cinnteach gum bi luchd-obrach air am fastadh le na sgilean agus comasan riatanach;
- Dèanamh cinnteach gum bi leasachadh air eòlas am measg an luchd-obrach a tha ann;
- Adhartachadh agus cumail ri ìrean na dreuchd staitistig.

Bu chòir ceistean mun phàipear seo a chur gu: *Customer Services, Dissemination & Census Analysis Branch, General Register Office for Scotland, Ladywell House, Edinburgh, EH12 7TF*

Fòn: (0131) 314 4243, Facs: (0131) 314 4696, Post-d: customer@gro-scotland.gsi.gov.uk

Gheibhear staitistig eile air ullachadh le GROS bhon Leabharlann Staitistig air làrach-lìn GROS (<http://gro-scotland.gov.uk/statistics/library/index.html>). Tha staitistig bho Chunntas-sluaigh 2001 air an làrach-lìn, Scotland's Census Results On-Line (www.scrol.gov.uk). Cuideachd seall ri earrann a' Chunntas-sluaigh air a' phrìomh làrach-lìn (<http://gro-scotland.gov.uk/statistics/census/index.html>).

Tha fiosrachadh mu phàipearan ri teachd air a thoirt air làrach-lìn GROS

(<http://gro-scotland.gov.uk/futurepbhtml>)

Ma tha sibh mì-thoilichte leis an t-seirbheis againn, sgrìobhaibh gu *Peter Scrimgeour, Head of Statistics Division, Ladywell House, Ladywell Road, Edinburgh, EH12 7TF*

Fòn: (0131) 314 4290, Post-d: peter.scrimgeour@gro-scotland.gsi.gov.uk

Bhiodh sinn toilichte beachdan no molaidhean a chluinntinn a chuideachaidh a' leasachadh ar n-ìrean no ar seirbheis.

BUIDHNEAN CO-CHEANGAILTE

<p>Tha RIAGHALTAS NA H-ALBA (SE) a' dèanamh suas a' chuid as motha den Rianachd tiomnaichte an Alba. Tha seirbheis staitistig an SE ag amas air fiosrachadh, mion-sgrùdadh agus comhairle iomchaidh agus cinnteach a thoirt seachad a tha a' coinneachadh ri feuman riaghaltas, gnothachas agus sluagh na h-Alba.</p>	<p><i>Ryan Stewart, Office of the Chief Statistician, Scottish Executive, 3rd Floor West Rear, St Andrews House, Edinburgh, EH1 3DG</i> Fòn: (0131) 244 0442 Facs: (0131) 244 0335 Post-d: statistics.enquiries@scotland.gsi.gov.uk Làrach-lin: http://www.scotland.gov.uk/Topics/Statistics</p>
<p>Tha uallach air OIFIS NAN STAITISTIG NÀISEANTA (ONS) airson ullachadh iomadh seòrsa staitistig eaconamach agus sòisealta. Bidh i cuideachd, airson Shasainn agus na Cuimrigh, a' clàradh thachartasan beatha agus a' cumail a' Chunntas-sluaigh.</p>	<p><i>Customer Contact Centre, Room 1.015, Office for National Statistics, Cardiff Road, Newport, NP10 8XG</i> Fòn: 0845 601 3034 Minicom: 01633 812399 Facs: 01633 652747 Post-d: info@statistics.gsi.gov.uk Làrach-lin: www.statistics.gov.uk</p>
<p>Tha an ROINN ACTUARaidH AN RIAGHALTAIS (GAD), am measg rudan eile, ag ullachadh nan ro-mheasaidhean air tèarainteachd shòisealta, mion-sgrùdaidhean air pàtran-sluaigh, agus comhairle actuaraidheil a dh'fheumar airson taic a chur ri co-dhùnaidhean mhinistearan ann am poileasaidh tèarainteachd shòisealta agus peinnseanan. Bidh GAD ag ullachadh ro-mheasaidhean air sluagh na h-Alba.</p>	<p><i>Government Actuary's Department, Finlaison House, 15-17 Furnival Street, London, EC4A 1AB</i> Fòn: 0207 211 2622 Facs: 0207 211 2640 Post-d: projections@gad.gov.uk Làrach-lin: www.gad.gov.uk</p>
<p>'S e an BUIDHEANN STAITISTIG AGUS RANNSACHAIDH ÈIRINN A TUATH (NISRA) buidheann staitistig oifigeil Èireann a Tuath. Tha uallach air a' Bhuidhinn cuideachd, ann an Èireann a Tuath, airson clàradh breith, pòsaidh, uchd-mhacachd agus bàis agus airson a' Chunntas-sluaigh</p>	<p><i>Northern Ireland Statistics and Research Agency, McAuley House, 2-14 Castle Street, Belfast, BT1 1SA</i> Fòn: 028 9034 8100 Facs: 028 9034 8106 Làrach-lin: www.nisra.gov.uk</p>

ISBN 1-874451-74-5

Price £6.00

© Còraichean glèidhte leis a' Chrùn. Faodar lethbhreac a dhèanamh de earrannan den stuth sa phàipear seo aig a bheil Còraichean glèidhte leis a' Chrùn ma bhios am pàipear air ainmeachadh.

Taing

Bu mhath leinn taing a thoirt do *fosglan*, Colaisde a' Chaisteil airson an cuideachaidh ann a bhith ag eadar-theangachadh na h-aithisg seo.